

# An Naidheachd Againne

*The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society*

An Geamhradh 2021, Leabhar XXXVII, Àireamh 4  
Winter 2021, Volume XXXVII, No. 4

Anns gach àite dhan deach i san t-saoghal, bho Ghlaschu gu Toronto gu Bern agus an uairsin air ais a Steòrnabhagh ann an Alba, tha June Ghreumach air Gàidhlig ionnsachadh. A-nis tha cothrom aice an cànan a thoirt seachad, chan ann a-mhàin don chloinn aice fhèin, ach do dhaoine eile cuideachd.

Everywhere she went in the world, from Glasgow to Toronto to Bern and then back to Stornoway in Scotland, June has learned Gaelic. Now she has the opportunity to pass the language on, not only to her own children, but to others as well.

## An cearcall ionnsachaidh

*le June Ghreumach*

Bha mi nam oileanach ann an Sasainn agus bha mi ag ionndrainn Alba gu mòr. Choisich mi a-steach dhan leabharlann sa bhaile agus dè bha air mo bheulaibh ach lethbhreac de *Teach Yourself Gaelic*. 'S ann à Èirinn a tha an duine agam agus chuir e uabhas air nach robh cothrom air a bhith agam Gàidhlig ionnsachadh san sgoil. Smaoinich mi, "Carson nach fheuch mi a-nis?"

Chluich mi an teip a bha an cois an leabhair. Bha na guthan cho coltach ri daoine nam theaghlach 's cha mhòr nach robh mi a' caoineadh mus d' fhuair mi seachad air an stiùir air fuaimneachadh! Às dèidh dhomh beagan ionnsachaidh a dhèanamh nam aonar, rinn mi cùrsa goirid aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach.

## The circle of learning

*by June Graham*

I was a student in England and missing Scotland when I walked into a library in the town. To my surprise, a copy of *Teach Yourself Gaelic* was on a shelf right by the entrance. My Irish husband was appalled that I hadn't had the opportunity to learn Scottish Gaelic at school, so I thought, "Why don't I try now?"

When I played the tape that came with the book, the voices sounded so like people in my family that I was almost crying before I had reached the end of the pronunciation guide! After studying Gaelic on my own for a while, I did a short course at Sabhal Mòr on Skye.



June Graham and family at Calanais

## In This Issue

Litir bho'n Cheann-Suidhe/Letter from the President.....	4
Interview with Angus MacLeod .....	5
<i>Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig</i> .....	7
Book Review: <i>Às a' Chamhanaich</i> le Aonghas MacLeòid.....	9
Litir à Dùn Èideann bhon Taigh Agam .....	11
Scary Things About Gaelic (STAG) .....	13
Meek Lines.....	15
An t-àite agam fhìn.....	16
Bàrdachd airson ar linn.....	19
Mòd Nàiseanta ACGA Results.....	20
A Bharrachd.....	22
Christma Apple Dessert (Bilingual Recipe).....	24
Dè Tha Dol? .....	25

Go to [www.acgamerica.org](http://www.acgamerica.org) for more on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

Chùm mi orm leis an leabhar agus rinn mi cùrsaichean goirid ann an Lunnainn agus anns an Eilean Sgitheanach. Nuair a bha mi comasach beagan còmhraidh a dhèanamh, dh'fheuch mi ri Gàidhlig a bhruidhinn ri mo theaghlach ann an Glaschu. Mhìnich Antaidh Seonag dhomh dè bha am facal 'tilleadh' a' ciallachadh. B' ann bho m' athair a dh'ionnsaich mi am facal 'sglongaid' agus faclan mì-mhodhail a chanadh e ri a sheanmhair san Eilean Sgitheanach nuair a bha e òg (agus crosta). Cha do thuig mo sheanmhair am blas neònach agam a chionn 's gun robh i gu math bodhar ach bhitheamaid a' suidhe còmhla agus a' leughadh leabhraichean sìmplidh sa Ghàidhlig.

Bha an saoghal farsaing agus bha mi airson fhaicinn. Fhuair mi obair mar neach-saidheans ann an Toronto far an deach mi gu clasaichean Gàidhlig air Disathairne. Feasgar Diciadain, bhithinn ann an cafaidh am measg nan àrd-thogalaichean air Sràid Bhloor agus a' bruidhinn Gàidhlig ri luchd-ionnsachaidh eile.

Bho Chanada, chaidh sinn dhan Eilbheis far an robh mi a' rannsachadh atharrachadh na gnàth-shìde. Nuair a rugadh an nighean againn, dh'fheuch mi ri rud beag Gàidhlig a bhruidhinn rithe ach cha robh tòrr misneachd agam.

Fhuair an duine agam obair ann an Eilean Leòdhais nuair a bha Ailsa sia bliadhna a dh'aois. Ged a bha mi air oidhirp mhòr a dhèanamh Gàidhlig ionnsachadh, bha tòrr imcheist orm mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. An robh Ailsa ro aost'? An robh mi a' sparradh cànan gun fheum oirre? An latha a chaidh i a-steach gu clàs Gàidhlig, dh'fhairich mi tòrr ciont. Thàinig na faireachdainnean seo bhon dòigh anns an robh ar cànan air a bhith air a cur sìos thar nam bliadhnaichean ach bha iad gun adhbhar. Dh'ionnsaich Ailsa Gàidhlig ann an ùine ghoirid. Tha tòrr chothroman air a bhith aig an triùir chloinne againn, mar eisimpleir a' gabhail pàirt ann an dealbhan-cluiche aig a' Mhòd no a' bruidhinn air prògraman rèidio.

Nuair a rugadh am balach as òige againn, chuir mi romham Gàidhlig a bhruidhinn ris. Ach ciamar a bha mi a' dol a thòiseachadh? Chan eil cùrsa Gàidhlig do dh'inbhidh a' teagasg abairtean feumail mar, 'Cuir ort do bhòtannan'. Fhuair mi taic bho oide Gàidhlig aig a' chomhairle agus còmhla ri pàrantan eile stèidhich sinn buidheann pàrant 's pàiste. Bhiodh stiùiriche-cluiche a' dèanamh ealan còmhla ris a' chloinn agus bhiomaid a'


I continued to learn with the book and also did short courses in London and on the Isle of Skye. When my Gaelic was up to it, I began to practice with family members. Auntie Joan explained the meaning of the word *tillidh* (returning). From my father, I learnt *sghlongaid* (snot) and the rude words he called his grandmother when he was growing up on Skye (and in a bad mood). My grandmother didn't understand my strange accent because she was quite deaf, but we would sit down together and read simple books in Gaelic.

The world was big and I wanted to see it. I got work as a scientist in Toronto where I went to Gaelic classes on Saturday mornings. On Wednesday evenings, I would be in a café amongst the skyscrapers on Bloor Street and speaking Gaelic with other learners.

From Canada, we went to Switzerland where I was researching climate change. When our daughter was born, I tried to speak some Gaelic with her, but I wasn't very confident.

My husband got a job on the Isle of Lewis when Ailsa was six years old. Although I had put a huge effort into learning Gaelic, I still had a lot of uncertainty about Gaelic medium education. Was Ailsa too old? Was I forcing her to learn a language that no longer had any use? The day that she went into the Gaelic class, I felt incredibly guilty. These feelings came from the way in which our language has been put down over the years, but they were unfounded. Ailsa learnt Gaelic very quickly and our three children have had many opportunities, for instance taking part in Mod plays or speaking on radio programs.

When our youngest son was born, I decided to speak Gaelic to him. But where would I start? Adult Gaelic classes don't generally teach useful phrases like *cuir ort do bhòtannan* (put on your boots). Through the council, I got support from a Gaelic tutor and along with other parents we started a *pàrant 's pàiste* (parent and toddler) group. We had a playleader who would do crafts with the kids and we also sang and listened to a story.



An Cat Coigreach – Pangur helping to pack.

Drawing by June Graham

seinn agus ag èisteachd ri sgeulachd.

Chaidh an cat againn air chall greiseag às dèidh dhuinn dol a Leòdhas. 'S e mìorbhail a bh' ann nuair a nochd e a-rithist às dèidh dà bhliadhna. Carson a dh'fhalbh e? Càite an deach e? Gus na ceistean seo a fhreagairt, sgrìobh mi leabhar chloinne, *An Cat Coigreach*. A chionn 's gun robh mi a' bruidhinn Gàidhlig le mo phàiste, bha e nàdarrach dhomh an leabhar a sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Ann an 2019, fhuair mi aon de thè de Dhùaisean nan Sgrìobhadairean Ùra bho Chomhairle nan Leabhraichean. Thug sin taic agus brosnachadh dhomh agus tha mi a' cumail orm a' sgrìobhadh leabhraichean cloinne sa Ghàidhlig.


Nuair a dh'fhònas mi m' athair, 's e Gàidhlig an cànan a bhruidhneas sinn. Tha iomadh cothrom eile agam Gàidhlig a chleachdadh. Bho chionn greiseig, thòisich mi ag obair mar Oifigear Tràth Ìrean aig Comunn na Gàidhlig. Tha sinn a' ruith seiseanan cluich Gàidhlig do phàrantan agus clann bheag aois 0 gu 3. Tha mi a' faireachdainn gu bheil mo bheatha air a bhith a' dol ann an cearcall: chuala mi Gàidhlig mar phàiste gun a bhith ga tuigsinn, dh'ionnsaich mi Gàidhlig mar inbheach agus an-dràsta tha mi a' brosnachadh dhaoine eile Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh ri an cuid chloinne.

Our cat went missing shortly after we moved to the Isle of Lewis. It was a miracle when he turned up again two years later. Why did he leave? Where did he go? To answer these questions, I wrote a children's book, *An Cat Coigreach*. In 2019, I won a Gaelic New Writers Award from the Gaelic Books Council.

This gave me access to support and was also a huge encouragement and I am writing other children's stories in Gaelic.

When I phone my father, Gaelic is our language of choice. I also have many other opportunities to use the language. Not long ago, I started a new job as a Gaelic Early Years Officer at *Comunn na Gàidhlig*. We run play

sessions for parents and young children in the zero to three age range. I now feel that my life has come full circle: I heard Gaelic as a young child without being able to understand it, I learnt Gaelic as an adult and now I am encouraging other people to learn Gaelic and to use it with their children.



*An Cat Coigreach* – Pangur getting a lift  
Drawing by June Graham

## Photo Quiz

How many islands in this photo can you name?  
Extra points if you can name them in Gaelic!

See how well you did on page 18. Did you find any that we didn't?



Photo courtesy of NASA



## Litir bhon Cheann-suidhe

le Liam Ó Caiside



## Letter from the President

by Liam Cassidy

A chàirdean còire,

Tha sinn a' teannadh ri deireadh na bliadhna, bliadhna eile fo sgàil COVID-19. Is mòr mo dhòchas gu bheil sibh uile slàn agus gum bi sibh sàbhailte agus sona san ath-bhliadhna.

Rinn sinn deagh oidhirp am-bliadhna ACGA agus a h-uile sion a bhios e a' dèanamh a chumail a' dol air adhart, agus cha bu bheag an obair e uaireannan. 'S ann bhiortail a bha Seachdain na Gàidhlig agus nan Òran againn agus Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh.

Tha mi toilichte gun tàinig mòran agaibh gu Seachdain Beinn Sheanair agus dhan Mhòd, eadhon ged nach b' urrainn dhuinn coinneachadh beò ann an dà-rìreabh.

Thig sinn ri chèile a-rithist mu dheireadh thall aig Beinn Sheanair san Iuchar ri thighinn, ma thèid a h-uile nì mar bu chòir. Cha lèir dhuinn fada sìos an rathad.

Ach 's mòr mo dhòchas gum b' urrainn dhuinn a dhol gu Carolina a Tuath a-rithist airson Seachdain na Gàidhlig agus nan Òran, mar a b' àbhaist dhuinn. Tha Àdhamh Dahmer ag obair còmhla ri Seumas Dòmhnallach air a' phrògram ann am Banner Elk a-nise.

Dè mu dheidhinn a' Mhòid? Uill, tha diofaran ann eadar am Mòd agus an t-Seachdain, nam bheachd. An toiseach, tha am Mòd fada nas giorra. Tha structar cosgais eadar-dhealaichte aig a' Mhòd. Agus tha am Mòd bhiortail a' fàs – thàinig barrachd dhan Mhòd bhiortail am-bliadhna agus an-uiridh na thàinig dhan Mhòd bheò.

Chan e a-mhàin gur e Mòd naiseanta e, 's e Mòd eadar-naiseanta a th' ann! Thàinig seinneadairean, sgeulaichean agus luchd-èisteachd bho gach àite eadar Alba Nuadh agus Carolina agus Seattle. Tha eagal orm gun cailleadh sinn sin nan rachadh sinn air ais gu Mòd beò, mar a bha againn iomadh bliadhna ann an Ligonier agus Virginia roimhe sin.

Ach dè mu dheidhinn mòdan beaga? Dh'fhaodadh sinn mòdan ionadail a thogail agus a bhrosnachadh ann an iomadh àite air feadh na dùthcha. Tha beagan dhiubh

Dear friends,

We're drawing close to the end of the year, another year under the shadow of COVID-19. I greatly hope you are all well and that you'll be safe and happy in the New Year.

We made a good effort this year to keep ACGA and all its activities moving forward, and that's no small job sometimes. Both the Gaelic Song and Language Week and US National Mòd were held virtually.

I'm delighted many of you came to the Grandfather Mountain week and the Mòd, although we were not able to really meet, live.

We'll come together again at last at Grandfather Mountain this coming July, if everything goes as it should. We can't see far down the road.

But I greatly hope we'll be able to go to North Carolina again for the Gaelic Song and Language Week, as we used to. Adam Dahmer is working with Jamie MacDonald on the program for Banner Elk now.

What about the Mòd? Well there are differences between the Mòd and the (Gaelic) Week, in my opinion. First, the Mòd is a much shorter event. The Mòd has a different cost structure. And the virtual Mòd is growing. More people came to the virtual Mòd this year and last than came to the live one.

And it's not only a national mod, it's an international one! Singers, storytellers, and an audience came from everywhere from Nova Scotia to Carolina to California. I'm afraid we'd lose that if we went back to a live mod, like we used to hold in Ligonier and in Virginia before that.

But what about small mods? We could begin and encourage regional or local mods in many places throughout the country. There are a few there

ann a-nise: ann an Ohio, Pennsylvania, Carolina a Tuath, agus Virginia. Nuair a dh'fhalbhas COVID, dh'fhaidte gum faic sinn tuilleadh dhiubh.

Am b'urrainn dhuinn cuideachadh a thoirt do dhaoine aig a bheil ùidh ann am mòdan ionadail? Ar leam gum b' urrainn, ach ciamar? Adhbhar breithneachaidh a' gheamhraidh seo.

Rud eile a bhios a' tighinn san ath-bhliadhna: cùrsa Gàidhlig neo còmhlan-ionnsachaidh aig ACGA, air-loidhne, tro mheadhan SpeakGaelic. 'S ann airson luchd-tòiseachaidh a bhiodh an cùrsa seo, agus gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh a dh'aithghearr.

Gus an uair sin, Nollaig Chridheil agus Bliadhn' Ùr Mhath dhuibh uile!

Ur caraid seasmach,

*Liam Ó Caiside*  
Ceann-suidhe, ACGA

already, in Ohio, Pennsylvania, North Carolina, and Virginia. When COVID goes, it's possible we'll see more of them.

Could we help people who are interested in regional mods? I think we could, but how? Food for thought this winter.

Something else that will be coming in the New Year: an online ACGA Gaelic course or study group, through the medium of SpeakGaelic. This will be a class for new beginners, and you'll get more information soon.

Until then, Merry Christmas and a Good New Year to you all!

Your steadfast friend,

*Liam Ó Caiside*  
President, ACGA



*An Naidheachd Againne* contributor Hilary NicPhàidein recently had an opportunity to interview Cape Breton author, Gaelic instructor, and actor Aonghas MacLeòid (Angus MacLeod) about his new Scottish Gaelic graphic novel, *Às a' Chamhanaich*.

## Interview with Angus MacLeod

by Hilary Rosado

**Hilary:** First of all, Angus, congratulations on the October launch of your graphic novel *Às a' Chamhanaich*. I know, from reading some of the other interviews that you have done, that you started this project as a hobby in 2011, and that you both wrote and illustrated the book. And what is also important to know is that *Às a' Chamhanaich* is the first Scottish Gaelic graphic novel to be written initially in Gaelic, that is, not translated from the English.

Readers will see for themselves that many of these tales are rather fantastical and some are pretty dark. These were not familiar themes or story lines, at least for me. From where did you draw your inspiration for this collection of stories?

**Angus:** There are Celtic themes in almost all of the stories but I also drew from other authors I've enjoyed. "Eòs an t-Iasgair" has an H.P. Lovecraft influence.

**Hilary:** Are you a fan of the graphic novel as a literary form? If so, did that influence your decision to create a graphic novel that has empowered these tales with such an emotional effect?

**Angus:** I'm a fan of comic books, or at least I was in the old days. I wasn't intending to write a graphic novel, just to illustrate a few stories that I had in my head.

**Hilary:** How did you approach the creation of your graphic novel – did the drawings come first, or the writing, or was it a combination of both? What did the creative process typically involve, and what was the more difficult part of the process for you – the writing or the drawing?



Aonghas MacLeòid /  
Angus MacLeod  
Bradán Press

**Angus:** I wrote the stories first, but often with an idea of how the page that the words would be on would look. The stories would swim around in my head until they were firm enough to write down and generally the first draft was the final one, with minor alterations coming when I put the words on the actual comic pages to draw them. I think the inking is the hardest part for me now because I recognize there's still a lot of rust from what I was able to do long ago.

**Hilary:** The illustrations are beautiful, powerful and, for lack of a better word, graphic. I was wondering if you have been drawing from a young age, or were you self-taught later in life.

**Angus:** I'm mostly self-taught, I took a drafting course as a teenager which helped a lot.

**Hilary:** I personally thought that the illustrations were very reflective of the stories and certainly brought them to life. Can you tell us what materials you used for the black and white illustrations?

**Angus:** I use a small paint brush (size 00 to size 2) for almost everything. I use black India ink. A brush is harder to learn to use, but I very much prefer the effects you can get with it.



"Oidhche nan Stoirme"

Bradán Press

**Hilary:** One particular story I enjoyed was "Fear a' Bhàta", perhaps because I recognised the premise of the story from a Cape Breton Gaelic story called "Am Fear a dh'Fhalbh Oidhche na Bannse 's nach do Thill". It's a story of fairy magic and a not-so-happy ending. Do you have a favorite story in this collection?

**Angus:** If I were to choose a favorite, I think it would be "Cailleach na Coille".

**Hilary:** Many people know you as a storyteller. Are you planning to write and illustrate another graphic novel, a second volume, if you will, of *Às a' Chamhanaich*?

**Angus:** I have enough material ready now for a second graphic novel and there's some talk about printing another book.

**Hilary:** Do you have any advice for someone who might want to start writing / drawing?

**Angus:** Be who you are. Don't let anyone turn you aside from that. Don't listen to the naysayers. Believe in yourself. Remember that the "rules" are only guidelines and you can break them. And most important of all, have fun with it!

**Hilary:** I mentioned at the beginning of the interview that you started this writing and illustration project in 2011. Was it your intent to publish a book? Can you tell us how this material came to be published?

**Angus:** I was drawing the stories because I wanted to. It's my hobby, my relaxation. It was always in the back of my mind that someday they MAY be published, but I didn't look for that. Wayne MacIntyre saw some of my work, showed it to Emily and she asked if she could publish it. So it all kind of just happened by accident!

**Hilary:** Thank you, Angus, for giving us the interesting backstory to the production and realisation of this wonderful and fascinating graphic novel. Everyone should have this book on their bookshelves. Congratulations, again, on the publication of *Às a' Chamhanaich*.

See page 9 for Ted Neveln's review of *Às a' Chamhanaich*.

Nuair a dh'fhàg sinn Iain agus Nighean an Sgàthain aig deireadh Caibideil 19, bha iad an dùil turas a dhèanamh gu eilean a chunnaic Iain sa chloich aige. Sa chaibideil sa, leughaidh sinn mu uallachadh airson an turais agus aig an deireadh, tachraidh sinn ri Gugtrabhad. Obh, obh, cò i Gugtrabhad?

## Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig

le Liam Ó Caiside

### Caibideil Fichead: An t-Sianar agus an Soitheach

– “An Soitheach a Dh’fhalbhadh air Muir ’s air Tìr”<sup>1</sup>

“Cha b’ e seachdain neo mìos a chuir iad seachad ag ullachadh airson an turais ach trì mìosan,” thuirt an sgeulaiche rinn, “trì mìosan fada gus am biodh a h-uile nì deiseil agus gun tigeadh sìde na b’ fheàrr airson bhòidse air a’ chuan. Agus iomadh rud a bha dhìth orra mus dèidheadh iad thar nan tonn, a’ seòladh gu àite fad air falbh gun fhios ’s gun eòlas aca càite.”

Bha an uair a’ teannadh ri meadhan-oidhche, agus bha i cho dorcha ri maodal a’ mhairt dhuinn a-muigh. Bhuail steallan uisge na h-uinneagan bho àm gu àm, ’s chuala sinn a’ ghaoth a’ sèideadh agus a’ feadanaich sa bhealach suas an rathad bhon taigh.

Ach bha e blàth ri taobh a’ ghealbhain far an robh sinn nar suidhe, ag èisteachd ris a’ bhodach chòir oidhche eile. Cha robh sinn sgèth idir, agus cha robh sgòs air an sgeulaiche nas motha. Lean e air an naidheachd innse, agus lean sinne gach facal.

“Latha a bh’ ann,” thòisich e, “bha an Draoidh Mòr agus Aoife nan suidhe anns an talla a’ bruidhinn ri Iain agus Nighean an Sgàthain.

“Mu dheireadh thall,” thuirt an Draoidh Mòr, “tha fhios againn air an eilean a tha sibh a’ lorg – an t-Eilean Uaigneach. Fada bhuainn a tha e, air iomall a’ chuain shiar. Ach creidibh gum faigh sibh an t-eòlas a tha dhìth oirnn an sin – an dòigh a chuireadh sinn crìoch air Mac na h-Oidhche gu sìorraidh bràth.”

“Ach an t-Eilean Uaigneach, an e fìor-àite a th’ ann? Chan ann ach ann an sgeulachdan a chuala mi ainm an eilein sin,” thuirt Nighean an Sgàthain.

“S e fìor-àite a th’ ann, gu dearbh,” ars Aoife, a’ bhan-shìthe. “Nach ann bho sgeulachdan a dh’ionnsaich sinn an fhìrinn? Ach chan fhaigh sibh an t-eilean siud anns an t-saoghal seo, ach anns an t-saoghal eile, an saoghal againne. Bidh an ceann-turais glè chunnartach dhaibh. Seòlaidh sibh air iomall an dà shaoghal. Feumaidh sinn cuideachan a thaghadh dhuibh.”

Agus sin a rinn iad. Thagh iad Mac Mhanainn, an caraid as fheàrr aig Iain, agus Dearbhlaidh, an leth-phiuthar as òige aig Nighean an Sgàthain, mar chompanaich dhaibh. ‘S ann à Eilean Mhanainn a thàinig an gille, agus bha e na sheòladair bhon ghlùn.

“Feumaidh sìtheach a dhol air a’ bhòidse cuideachd,” thuirt Aoife. “Tha an aon bhagairt oirnn uile.”

Agus cò a rogh iad ach fear dhiubh a thachair ri Iain nuair a bha e na phrìosanach anns an t-sìthein, Mac Glumag na Mias. Chan e duine beag a bh’ ann, ged nach robh e mòr. Bha meuran fada, sgiobalta agus sùilean geura aige, sròn fhada agus ceann caran biorach, falt fada ruadh coltach ri feamainn fo a churac. “Tha Mac Glumag gu math eòlach air seòladaireachd, dh’fhuirich e fada ann an Tìrìodh,” thuirt Aoife.

Thuirt Ceann-Cleiteig nach tèid fhàgail air chùl. “Leanaidh mi iad ann an cruth albatrais ma dh’fheumas mi,” ars esan, greann air gach iteig air a cheann. Mu dheireadh, leig an Draoidh Mòr leis a dhol còmhla riutha. “Cha bu chòir dhuinn casg a chur air càirdeas,” thuirt e. Mar sin, lorgadh sianar an t-Eilean Uaigneach ri chèile.



<sup>1</sup> Luirgean Eachainn Nill: *Folktales from Cape Breton*, collected and edited by Margaret MacDonnell and John Shaw, Acair, Stornoway, Scotland, 1981.

Bha sin math, ach bha rud eile bhuapa nach robh aca – bàta. “Dè mu dheidhinn aon de na bàtaichean mòra agaibh ann an Glaschu?” dh’fharraid Iain dhan Draoidh Mhòr.

“O cha dèanadh iad an gnothach,” ars an Draoidh Mòr. “Cha b’ urrainn do bhàtaichean-carago mar sin an turas a tha romhaibh a thoirt gu buil. Tha feum againn air soitheach sònraichte, soitheach draoidheil. Feumaidh sinn soitheach a dh’fhalbhadh air muir ’s air tìr.”

Soitheach a dh’fhalbhadh air muir ’s air tìr! Cha chuala Iain mu a leithid riamh roimhe. “Ciamar a gheibh sinn bàta mar sin?” thuirt e. “Le draoidheachd, ’ille! Tha planaichean anns an leabhar dhubbh agam, agus le cuideachadh bho na h-uaigsean an seo,” thuirt e le smèid ri Aoife, “feuchaidh sinn ris a’ bhàta a thogail.”

Agus chaidh an Draoidh Mòr agus buidheann sìthich a dh’obair air a’ bhàta. Chuirte Mac Glumag an ceann an sgioba. “Rinn mi bàta den t-seòrsa seo dhan mhac iasgair a bh’ ann uair,” thuirt Mac Glumag, “agus phòs esan nighean rìgh aig deireadh na sgeòil.”

Cha robh e fada gus an robh an obair rèidh. Thàinig a h-uile duine a-mach às a’ chaisteal gu òb beag far an robh am bàta. Bha iad uile ag ràdh nach fhaca iad bàta nas fheàrr neo nas bòidheche rè am beatha. ’S e slup bhiorach de stoidhle Bhermuda a bh’ ann, le aon chrann mòr, seòl agus bòma, agus sioba neo “jib.” Bha caibean ann le seòmar air leth airson nan nigheanan. Air bòrd, fhuair iad a h-uile rud sguabanta, sgiobalta, gleusta.

Bha ainm an t-soithich gràbhete air a deireadh: “Saighead Sgàthaich.”

Dheasaich iad biadh-siubhail agus sholair iad am bàta airson na bhòidse. Cha robh fhios aca dè cho fada ’s a bhiodh iad aig muir. Shaoil Iain nach robh rùm gu leòr anns a’ bhàta airson a h-uile sìon a bha dhith orra, ach aig a’ cheann thall bha.

Agus chuir na draoidhean agus na sìthichean an soitheach fo gheasaibh throma, mhòr-chumhachdach, ga seunachadh bho chunnartan na mara agus droch dhraoidheachd Mhic na h-Oidhche. Oir bha iad cinnteach gum biodh Mac na h-Oidhche gan leantainn neo a’ feitheamh orra.

“’S e rèis a th’ ann a-nise,” thuirt Nighean an Sgàthain ri a caraidean an oidhche mus do sheòl iad. “Tha sin soilleir dhomh a-nise. Cho luath ’s a

shlànaicheas a lotan, thig m’ athair às ar dèidh, a lorg an Eilein Uaignich cuideachd, agus bidh eagal an domhain air gun ruigeadh sinn an t-àite roimhe.”

Thàinig Aoife thuca an oidhche sin agus thug i tìodhlacan dhaibh. “Seo rud neo dhà bho chruinneachadh an Draoidh Mhòir, agus saoilidh sinn gum faigheadh sibh tuilleadh feum asta nam biodh iad nur làimh na gum biodh iad fo ghlas ann a sheo.”

Thug i tubhailte do Dhearbhlaidh. “Uair sam bith a bhios an t-acras ort, chan eil agad ach an tubhailte a sgaoileadh air a’ bhòrd agus biadh sam bith a tha thu ag iarraidh, thig e air an tubhailte.” Thug i bogsa beag do Cheann-Cleiteig. “Anns a’ bhogsa seo, gheibh thu seillean a sheinneas an fhidheall, agus luchag a dhannsas. Tha mi cinnteach gum biodh iad feumail dhut.” Cha robh Ceann-Cleiteig cho cinnteach, ach thuirt e, “Tapadh leibh.”

Do Mhac Mhanainn, thug i bata. “Uair sam bith a bhios tu ann an cunnart, chan eil agad ach, ‘Seas suas, a laochain’, a ràdh ris a’ bhata ’s thig am bata gad chuideachadh.” Thug a’ bhan-shìthe an uair sin sgàthan ùr do Nighean an Sgàthain. “Chan eil an sgàthan seo dìreach mar do sgàthan bhrìste, ach ma bhios feum mòr agad, seallaidh e dhut rùn do chridhe.”

Aig an deireadh, thionndaidh Aoife do dh’Iain. “A mhic mo leannain,” thuirt i ris, agus “seadh, tha fhios agam cò d’ athair,” nuair a chuir sin iongnadh air Iain. Thug i dha pìos snàithlein. Bha trì snaidhmeannan ann. “Ma bhios feum agaibh air gaoth nuair a bhios tu aig muir, chan eil agad ach a’ chiad shnaidhm fhuasgladh, agus thig beagan gaoithe. Fuasgail an dàrna snaidhm, agus thig barrachd gaoithe. Ach na fuasgail an treas snaidhm, mura biodh tu gu dìreach ann an cunnart do bheatha.” Thug iad uile taing dhi, agus dh’fhalbh i.

Mu dheireadh thall, thàinig an latha air an robh a h-uile càil deiseil. Dh’fhàg iad Sgoil nan Eun aig beul gorm an latha, agus chaidh iad sìos dhan òb.

Dh’fhàg an t-sianar am beannachd aig na draoidhean, Aoife, agus an caraidean eile, agus chaidh iad air bòrd. Thog iad na siùil, agus thug iad toiseach an t-soithich do mhuir ’s a deireadh do thìr. Leig iad am bàta a-mach air a’ chuan, far am bi a’ bhèist as motha ag itheadh na bèist as lugha, ’s a’ bhèist as lugha a’ dèanamh mar a thogradh i.

Bha Iain na shuidhe aig deireadh a’ bhàta, còmhla ri Ceann-Cleiteig agus Nighean an Sgàthain. Bha an



t-Eilean Sgitheanach nan dèidh, agus chaidh Eige agus Rùm seachad orra. Bha Mac Glumag air a' chuibhle. Cò thàinig a-mach às a' cheabain ach cat mòr ruadh le aon sùil mhòr uaine. Leum Iain suas. "Seo an aon chat cam a chunnaic mi ann am Baile Àtha Cliath, nuair a bha mi nam chù! Cò leis an cat seo?" dh'fhaighnich e.

Shuidh an cat air a' chlàr, agus sgeann e gu dàna air Iain le a shùil mhòr uaine. "'S ann leamsa a tha mi fhìn," thuirt an cat ris, ann an guth ìseal, garbh. "Is mise Gugtrabhad, agus dh'innis caraid dhomh gun


robh feum agaibh air cat luinge. Cò na b' fheàrr gus sùil a chumail oirbh?"

\*\*\*

"Tha cuimhn' a'm air a' chat seo!" thuirt Eòghann. "Chaidh e à sealladh nuair a ruith Iain às a dhèidh. Ach cò an caraid aige?"

"Uill," ars an sgeulaiche, a' tàladh seann chat a rinn crònna na uchd, "leigeamaid leis a' chat a naidheachd fhèin innse dhuinn. Tha gu leòr aige ri ràdh."

## REVIEWS



### Book Review:

***Às a' Chamhanaich* le Aonghas MacLeòid**  
**Bradán Press, 2021. 154 pages (large format paperback)**  
**ISBN 978-1-988747-65-1**

*Reviewed by Ted Neveln*

*Às a' Chamhanaich* means out of the twilight. I assume it is morning twilight and perhaps is the antonym of Celtic Twilight. It is not a graphic novel but a graphic anthology of twelve short stories. They cover any sort of twilight you please as well as bright dawns and the spookiest hours of the night.

This does not have the rat-a-tat rhythm of the *Tintin* series. The stories are short and diverse. The Gaelic is not ornate but it can be terse and is not always decrypted by looking at the pictures. Sometimes I turned to a dictionary multiple times per page though not at every page. Expanding my vocabulary is of course no bad thing. I could slither through *Am Bounty* or *Anna Ruadh* without looking up every last word but that is not advisable here – and you will need your Dwelly's dictionary at hand. MacLeòid uses Cape Breton spelling rather than GOC. Here is a dialogue sample:

A dhuine. Tha sibh 'nur n-éiginn.  
'S mi a tha. Tha mi 'gam thilgeil air ur truacantas . . . ma 's truagh leibh mi.  
Tha truas agam ruibh. Dé dhìom a tha sibh ag iarraidh? (page 83)

I cannot translate that into English that sounds half as good.

"Mise is Ailean" is the first and easiest story but still I had to read it twice to understand it. It is not obviously rooted in Gaelic folklore except for the time-travel theme which it shares with other stories. It hinges on a magical book but psychology submerges the fantasy. It's one of two or three stories that describe the damage that urban poverty can wreak on the soul. Another is "Teine Beag no Mór" which describes the resilience of a slum child – resilient but damaged, or if not exactly damaged then overly pragmatic.

"Fear a' Bhàta" has nothing to do with the song but has a recognizable Celtic sensibility that left me wondering what 'real' tale it might be based on. If the name *Turloch Donn an Dannelsair* means anything to any of you, let me know.

“Bho’n Taobh Tuath” made me question an old movie Western stereotype: a stranger comes to town; he rescues a young widow from dastardly villains; then he rides off into the sunset. I never thought to wonder why he didn’t settle down with her. This story suggests to me that perhaps he is suffering from some form of post-traumatic stress disorder. The ‘whats’ of this story are not hard to follow but I am mightily puzzled by some of the ‘whys’.

“Cailleach na Coille” has a very minimal plot. The details happen off-stage and are not important anyway. Nothing happens except a woman loses and re-gains her beauty over the course of a difficult life.

These stories have lots of women protagonists who are always buxom (often wearing improbably scanty dresses), but never shallow. They are not always good but never shallow. “Buaidh no Bàs” and “Eòs an t-Iasgair” have supernatural women who offer deliverance to lost men although the terms are unsettling. The first story is my personal favorite of the anthology because it has a simple plot, but it’s thought-provoking and rather romantic. The second has a fisherman named Mac Codruim who finds a supernatural lover who is not a seal and not a victim.

Freddy Krueger and Jason Voorhees are well-matched by the *each-uisge* in “Oidhche Na Stoirme”. The plucky heroine is not a ‘Last Girl’ because it is just her and the monster from start to finish. It is longer than some and comes near the back but could make a good early choice.

“Tilleadh á Leòdhas” is challenging to read, but it is my second favorite story; it starts in a metaphorical Inferno aka Edinburgh and ends in a Paradiso aka Lewis.

Circles are completed, re-joined, or twisted into a Möbius strip. Another of the time-travel stories is even named “Cearcall”, wherein you could spend a lot of time looking for its beginning and ending and is one reason why I am relieved to hear assurances that time-travel is probably impossible.

“Dà Bheatha” has two stories in parallel running along the top and bottom of the pages and joining at the end. I am still figuring it out, but it seems to be a kind of time-travel / reincarnation story.

“Na Bha Bhuaipe” takes place in Venice and has a plot as interwoven with shadow and light as the canals of that city. I still have trouble keeping track of the characters.

Some stories have shadowed-over nudity and rainbows of blood swishing in the arc of a flashing sword although they don’t reach Mel Gibson levels of gore. Most stories have solid arcs and a couple dwindle into ambiguity onto which readers must supply their own resolutions. Most but not all culminate in some sort of redemption. Several still puzzle me and I am not sure if it is because of their subtle language, or storytelling intricacies, or cultural assumptions.

*Às a’ Chamhanaich* would be great for a reading group around a table, but remote reading would require every person to have their own copy. Most of these stories cannot be raced through. If it is not obvious yet, expect to spend as much time discussing the stories and characters as studying the language.

The drawing style is painstaking. This is not MacLeòid’s first foray into illustrated story-telling. Some readers may be familiar with his style from *An Suiridhe Sìth / An Tàillear’s an Taibhse* which he did for Siol Cultural Enterprises.

The cover has a dreamlike appearance, resembling a psychedelic poster but more substantial than most. It seems to have motifs from the stories but they are like dreams of dreams. The surface of the cover feels pleasant to the touch.

---

See Hilary NicPhàidein’s interview with Aonghas MacLeòid on page 5 of this issue.



## Litir à Dùn Èideann bhon Taigh Agam

by Jeff W. Justice

A chàirdean,

I'm sick and tired of having to live vicariously, having to 'visit' Scotland (or anywhere else) by watching YouTube or the National Geographic channel. I'm sick and tired of having to relive old memories by looking at the photos I've taken when I've been visiting or living abroad. I'm sick and tired of being sick and tired. I'm sick and tired of

As;dlkfjak;sldkf

Sorry, I just face-planted into my keyboard. What was I saying? Oh yes, living vicariously. So my house is now decorated for the festive season, including a number of Celtic ornaments and decorations. This is my favourite time of the year. I know a lot of people don't care for it nowadays, but I have always enjoyed the twinkling coloured lights, the sweet scents of holiday confections, the joyous sounds of choirs and carollers singing. As I write this, Kathy Mattea is singing the "Christ Child's Lullabye" over my Apple TV, and it brings back memories of walking Edinburgh's New Town during its month-long plus Christmas and Hogmanay celebrations.

Sure, we have Christmas markets in America, usually lasting a weekend to a few days in many communities. Edinburgh's market transforms Princes Street Gardens and much of George Street into a mini-shopping mall of sorts, complete with a carnival and holiday-themed exhibitions, not unlike those famous Christmas markets one finds in central European countries.

A temporary ice skating rink fills St Andrew Square Garden, with mulled wine and spiced hot chocolate available in the pagoda at its centre to warm you after a cold Scottish evening.







Vendors sell items like rustic holiday decorations, many of which come with a Scottish flair and even a few in Gaelic (but only a few).



Concerts take place on a temporary bandstand close to Charlotte Square, and often an ice sculpture exhibition delights the crowd.



Christmas confectionery of every type is available, even some that evoke memories of a state fair in the US.



In many ways, Edinburgh's Christmas resembles that traditional staple of late summer-to-autumn America, but with a Scottish / European flair that ties it into those markets one might find in Munich.

Once the world gets back to normal, it's worth braving the cold, dark, dank early days of the Scottish winter to experience Edinburgh's Christmas. For now, I'll alleviate my boredom with not being there by sharing with you these photos I took the last time I was there, so you can live vicariously through me until we get to go to Scotland again in person.

Le gach deagh dhùrachd,

*Gairidh / Jeff*





## Oisean a' Ghràmair / The Grammar Nook

by Wayne Harbert

### Scary Things About Gaelic (STAG): Two Negatives Make a Positive. Or Do They?

I was reading the story “Tiodhlaic Nollaig” with a student the other day when we came across the sentence, *Chan eil teagamh nach d'fhàgadh claisean na inntinn*. From the context it's clear that it is supposed to mean ‘There is no doubt that grooves were left in his mind’. But translated word for word, it seems to say the exact opposite: ‘There is no doubt that grooves were not left in his mind.’ What's going on with the extra negative word *nach* here? Trying to explain that set me rolling along the grooves of my own mind, just in time for another Gaelic grammar column.

Most sentences expressing a negative meaning contain one of the basic negative words, *chan*, *nach* or *na* (the last of which is used in commands: *Na dèan sin!* ‘Don't do that!’).

**Hidden Negatives.** There are some sentences with negative meaning in which none of the basic negative words appear. For example, the negative meaning can be hidden in the meaning of the preposition / conjunction *gun* ‘without’.

*Bha sin fhathast gun tachairt aig an àm sin.* Literally, ‘That was yet without happening at the time’, or ‘That had not yet happened at that time.’

We can do that in English too, in restricted contexts like ‘I left without talking to him’, but the construction is used more generally in Gaelic. Similarly, *mur(a)* combines the meaning of ‘if’ and ‘not’, so there is no need for a separate negative word: *mur eil thu sgìth* ‘if you are not tired’. Again, English offers its own one word translation of *mur*, ‘unless’, which can be used (without *not*) in most contexts ‘Unless you are tired’.

**Double Negatives that Cancel Each Other Out.** Sometimes, in language, as in logic, two negatives do indeed make a positive, and Gaelic speakers take advantage of this fact, doubling up on negative words with the expectation that they will cancel each other out, resulting in an affirmative meaning. For example, one way to say ‘I almost fell’ is *Theab mi tuiteam* ‘I almost fell’ (actually, ‘I almost was [in the act of] falling’, since *theab* is a past tense verb in Gaelic). But you can also express the same thing by saying *Cha mhòr nach do thuit mi*. ‘Not [by] much didn't I fall’. The two negatives yield a positive meaning.

Similar to this, *is gann* ‘it is scarce / scarcely’ carries its own implied negative, but if you throw in an extra negative it comes to mean ‘almost’: *Is gann nach robh dia no ban-dia aca airson nan uile nithe* means literally ‘Scarcely they didn't have a god or goddess for everything’ but it translates as ‘They almost had a god or goddess for everything’.

This double negative construction is so common that you even run across it in the early chapters of beginning Gaelic textbooks.

*Cha chreid mi nach bi feadhainn brèagha aca.* (Complete Gaelic)  
‘I don't think that they will not have some nice ones’.

*Cha chreid mi nach cuir mi an còta orm.* (Complete Gaelic)  
‘I don't believe that I won't put on the coat’.

Gaelic speakers tend to prefer this round-about manner of expression because they make the assertions sound somehow softer. Though we aren't so fond of this construction in English, there is no problem figuring out what is intended.

**Rogue Negatives.** But there are a few cases where Gaelic throws in negative words, that, if we translate them directly into English, give us entirely the wrong meaning. Consider the following:

*Is fhada bho* means 'It's a long time since'. But in expressing 'It's a long time since I saw...' (and apparently only in this case), Gaelic requires a negative:

*Is fhada bho nach fhaca mi thu.*

Literally, 'It is a long time since I didn't see you', but it actually means 'It's a long time since I saw you'.

**gun fhios** 'in case'<sup>1</sup> We would say in English 'Buy an extra loaf in case they come', but in Gaelic it's:

*Ceannaich lof a bharrachd gun fhios nach tig iad!*

Literally. 'Buy an extra loaf in case they don't come'.

**neo-ar-thainig** means 'of course, naturally' in some contexts:

*Smaoinich air amhaich na h-eala; neo-ar-thaing bòidheach is caol is seang.*

'Think of the neck of the swan: Of course / Naturally it is pretty and narrow and slender'.

But it is very frequently followed by a clause introduced by a *nach* that doesn't translate:

*Neo-ar-thainig nach robh oidhche mhath againn,* means 'Of course we had a good time'.

*Neo-ar-thainig nach reiceadh sibh iad, agus sin air prìs mhath,* means 'Naturally you could sell them, and at a good price'.

*Neo-ar-thainig nach robh e fialaidh le airgead dhaoine eile,* means 'Of course he was generous with other people's money'. (Cox, *Geàrr-Ghràmair na Gàidhlig*, p. 291 – a rich source for other examples of rogue negatives)

Which brings us finally back to *teagamh* 'doubt'. This word almost always appears in the negative phrases *gun teagamh* and *chan eil teagamh*, and when these are followed by a clause, that clause is introduced by a *nach*. They look like double negatives, but if you try to translate the *nach* you'll end up with the wrong meaning. It's a rogue negative, up to no good. Just ignore it.

*Chan eil teagamh nach robh gràdh mòr aig an dithis dhì.*

'There is no doubt that both of them had great love for her'.

*Chan eil teagamh nach b' e tinneas a' chridhe a thug a bàs.*

'There is no doubt that it was heart disease that caused her death'.

